

faileas

Fèisean nan Gàidheal's Newsletter • Iris 63 • An t-Ògmhios 2017 • June 2017

JOIN THE CÈILIDH TRAIL



Tha samhradh gu math trang fainear dha seachd Cèilidhean air Chuairt a bhios a-muigh air an rathad a' taisbeanadh an cuid sgilean ann an ceòl is òrain traidiseanta air feadh Alba tron Iuchar is tron Lùnastal.

Tron sgeama Cèilidh air Chuairt aig Fèisean nan Gàidheal gheibh compàirtichean òga nam fèisean a tha eadar 16 is 25 bliadhna a dh'aois taic agus trèanadh gus ceòl traidiseanta ullachadh agus libhrigeadh air cuairt phroifeiseanta air feadh nan sgìrean ionadail aca.

Seven Cèilidh Trail groups will hit the road this Summer for a feast of live traditional music performances across Scotland.

The Cèilidh Trail groups are supported through a Fèisean nan Gàidheal scheme which supports young Fèis participants aged 16 to 25 to prepare and perform a professional music tour each Summer. This year the Cèilidh Trail groups representing eight Fèisean will deliver traditional music events - concerts, cèilidhs and dances - from Sutherland to Stirling:

Fèis Chataibh (Sutherland and Caithness)

Ceilear – this year comprising of participants from Fèis an Earraich and Fèisean nan Eilean Siar (Skye, Lochalsh & the Western Isles)

Fèis Fhoirt (Stirling, Falkirk & Loch Lomond)

Fèis Inbhir Narainn (Caledonian Canal and Nairnshire)

Fèis Latharna (Argyll)

Fèis Lochabair (Lochaber)

Fèis Spè (Cairngorms National Park)

Full tour details for all the Cèilidh Trail groups can be found at www.feisean.org/ceilidh.

Fèis Rois will also be running a packed Cèilidh Trail programme – please see www.feisrois.org for more information.

Keep an eye and an ear out for a cèilidh near you!



Cèilidhean air Chuairt	1
Tasgadh Funds	1
Fèis Ghàidhlig Ghlaschu	2
Fèis Phàislig	2
Fèis Eilean na Hearadh	3
FnG Board	3
Guth nan Gael 2017	4
5 Latha 2017	5
Blasad Gàidhlig	5
Fèis Dhràma Earra-Ghàidheal	6



TRADITIONAL ARTS SMALL GRANTS FUND

For the third year, Fèisean nan Gàidheal is pleased to be operating the Tasgadh Traditional Arts Small Grants scheme on behalf of, and with funding from, Creative Scotland.

Details are available on Fèisean nan Gàidheal's website www.feisean.org/en/tasgadh where you can download the Scheme Guidelines and application form.

The scheme complements Creative Scotland's own Open Project Funding and supports traditional artists and related organisations to create, tour and present work, as well as professional development projects. Each applicant can apply for an award of between £250 and £1000.

A panel of advisers make decisions on the applications and details of all successful projects are published on our website, as well as some case studies.

There are three deadlines for applications for 2017/18: 14 July 2017, 27 October 2017 and 2 February 2018

FÈIS GHÀIDHLIG GHLASCHU GA RUIH A-RITHIST

Fèis Ghàidhlig Ghlaschu



Chuir Fèis Ghàidhlig Ghlaschu tachartas air dòigh sa Chèitean airson a' chiad turais ann an trì bliadhna.

Às dèidh EGM soirbheachail, air 20 Giblean 2017 chaidh comataidh ùr a stèidheachadh. Rinn an comataidh tòrr ullachaidh air thoiseach air a' chiad fèis a chaidh a cumail eadar 26 agus 28 An Cèitean aig Bun-Sgoil Ghleann Dail. Bha an Fhèis fosgailte do sgoilearan le Gàidhlig - a' toirt cothrom sònraichte do dh'òigridh Ghlaschu an cuid sgilean cànanais is ciùil a leasachadh le prògram farsaing, tarraingeach a ruith thairis air na trì làithean.

Le còrr is seachd sgoilear a' gabhail pàirt anns na tachartasan, b' i fèis air leth soirbheachail a bh' innte. Bha fèill mhòr cuideachd air clasaichean seinn dha inbhich le oideachadh bho shàr-seinneadairean: Kathleen NicAonghais, Màiri NicAonghais agus Anna Latharna Nicilliosa. Bha cafaidh Gàidhlig ann cuideachd. Chaidh "Café Strùpag" a ruith le Comann nam Pàrant, agus thug seo cothrom don mhòr-shluagh a bhith a' neartachadh an cuid sgilean Gàidhlig ann an àrainneachd neo-fhoirmeil agus pios cèic a ghabhail aig an aon àm!

A bharrachd air an Fhèis fhèin, chaidh cèilidh teaghlaich a chumail air oidhche Shathairne, le ceòl beothail bho sgioba-oideachaidh thàlantach.

After a three-year hiatus, Fèis Ghàidhlig Ghlaschu has returned with a successful three-day Fèis event held in May.

Following an EGM in April, at which a new committee was established, the new Fèis Ghàidhlig Ghlaschu committee members worked hard and held a Fèis on 26th-28th May in Glendale Primary School. This Fèis event provided young people in the Glasgow area with the chance to strengthen and develop both their musical and Gaelic language skills in a fun and informal environment.

With more than seventy participants in attendance, the event was a great success. As well as the main Fèis, aimed at Gaelic-speaking pupils, Gaelic song masterclasses for adults were also held. There was also a drop-in Gaelic café, "Café Strùpag", which allowed members of the public to try out their Gaelic skills, as well as the wide array of baking on offer courtesy of Comann nam Pàrant.

For more information, email feisghaidhligghlaschu@gmail.org or check out their Facebook page

NEW EVENT AT FÈIS PHÀISLIG

Tha Fèis Phàislig a' dèanamh sogan tachartas ùr a thabhairt an cois prìomh fhèis an t-samhraidh bho 18 – 21 den Iuchar 2017. Bheir an Fhèis Adhartach cothrom dha luchd-ciùil is seinneadairean òga an cuid sgilean a thoirt air adhart le taic agus oideachadh bho Megan NicEanraig agus Calum MacCruimein às a' chòmhlain Breabach.

Fèis Phàislig is delighted to offer a new event as part of the annual Summer Fèis in Paisley from 18 – 21st July 2017.

The Advanced Fèis is designed for S1-6 pupils who are already proficient in an instrument or voice who wish to work on their traditional music skills at a more advanced level. Breabach members will tutor this four-day event, offering expert guidance in group arrangement, composition and stagecraft.

You can find out more about both the Advanced Fèis and Main Fèis at www.feisphaislig.com or contact Fèis Phàislig chairperson Grant McFarlane on grant@feisphaislig.com.

FÈIS AT THE FLING

Às dèidh cuireadh bho chomataidh HIMDF, chuir Fhèis Latharna "Fèis at the Fling" air dòigh. B' e seo latha de bhùthan-obrach ciùil a chaidh a chumail air an latha mu dheireadh den fhèis. Thug seo cothrom do dhuine sam bith ionnsramaidean tràidiseanta fheuchainn, le oideachadh bho shàr luchd-ciùil às a' sgìre.

A special event was held on the 30th of April in Oban as part of a fringe programme for the local Highlands & Islands Music & Dance Festival.

Fhèis Latharna held "Fèis at the Fling" on the final day of the festival – a day of music workshops for members of the public who were able to come and try their hand at various traditional instruments, with tuition available from renowned trad musicians from the local area.

More than thirty participants aged between seven and fifty years old participated in the workshops throughout the course of the day.

MEANBH-FHÈISEAN EARRA-GHÀIDHEAL

Sna beagan mìosan a dh'fhalbh, tha dà fhèis ann an Earra-Ghàidheal, Fhèis Òigridh Ìle is Dhiùra agus Fhèis an Tairbeirt air a bhith ag obair gu cruaidh ag ullachadh gus meanbh-fhèisean a libhrigeadh, le taic-airgid bho Highlands & Islands Music & Dance Festival agus Foundation Scotland.

Chaidh a' chiad mheanbh-fhèis a cumail air Diùra air an 22 An Giblean le oideachadh bho luchd-ciùil ionadail agus cèilidh teaghlaich air an oidhche. B' e cothrom air leth a bh' ann dha òigridh an eilein a tha nas eòlaiche air a bhith a' siubhal gu tachartasan den t-seòrsa ud. Chaidh an dàrna meanbh-fhèis a libhrigeadh le Fhèis an Tairbeirt air an 11 An t-Ògmhios ann an Ceann Loch Chille Chiarain a' leantainn air an latha-fèise a chaidh a chumail ann an Tairbeart air an 10mh latha. 'S e tachartas math a bh' ann le clann agus deugairean bhon sgìre an làthair.

Fhèis Òigridh Ìle is Dhiùra and Fhèis an Tairbeirt have recently held mini-fhèisean funded by Highlands & Islands Music & Dance Festival and Foundation Scotland.

DÙRACHDAN DO CHEITIDH

Fhèisean nan Gàidheal would like to wish all the best to Katie Adam, who has stepped down from Fhèis a' Bhaile after a number of years of dedicated work. Over the past twenty five years, the Fhèis has given hundreds of young people in Inverness (and beyond) the chance to participate in Fhèis activities thanks to Katie's support and guidance. She was also Chair of the Fhèisean nan Gàidheal Board from 2004 – 2008.

Katie admitted that it would be difficult to let go of the Fhèis but now hopes to spend more time with family and friends and in the outdoors.



TAING BHO FÈIS EILEAN NA HEARADH



Tha Fèis Eilean na Hearadh airson taing a thoirt dhan h-uile duine a thug taic dhaibh le bhith togail airgid an dèidh dhaibh ionnsramaidean agus uidheamachd a chall ann an teine factaraidh Scalpaigh sa Ghiblean. A bharrachd air duilleag GoFundMe air-loidhne a thog £4,955, chuidich gnìomhachasan ionadail a' bhuidheann le bhith a' togail airgid tro chuirtean anns an Taigh-staile agus le taisbeanadh dannsaidh bho dhannsairean na Hearadh air cidhe an Tairbeirt.

Am measg nan daoine a thug taic dhaibh bha Lorraine Kelly, a thug dhaibh £400 an dèidh dhi na dannsairean fhaicinn 's i anns na Hearadh air làithean-saora.

Thuirtean rùnaire Fèis Eilean na Hearadh, Dòmhnall Iain MacIlleinn: "Tha sinn air leth taingeil airson gach taic a tha sinn air fhaighinn agus tha e a' toirt toileachas dhuinn a bhith a' faicinn cho coibhneil 's a tha daoine. A bharrachd air airgead, tha daoine cuideachd air a bhith a' tabhainn ionnsramaidean. Tha Colaiste Pìobaireachd na h-Alba air sia feadain a thoirt dhuinn agus tha Comann Coimhearsnachd Chàrlabhaigh air giotàran a thoirt dhuinn. Tha muilnean Chàrlabhaigh agus Shiaboist air pìosan clò a thoirt dhuinn cuideachd. Leis gu bheil sinn a' comharrachadh 25 bliadhna den Fhèis am bliadhna, tha sinn gu mòr an comain a h-uile duine a chuidich sinn gu gnothaichean riaslach a rèiteach."

Fèis Eilean na Hearadh would like to thank everyone who helped them reach their fundraising target in light of the fire in the Scalpay factory which destroyed instruments, shinty equipment and arts & crafts materials. As well as an online GoFundMe page which raised £4955, local businesses were quick to lend a hand. The Isle of Harris Distillery donated the proceeds from their World Whisky Day and the Isle of Harris Highland Dancers danced on the pier to raise funds. TV host Lorraine Kelly donated a sum of £400 after seeing the dancers perform while on holiday in Harris.

Fèis Eilean na Hearadh secretary DI MacIannan commented: "The response has been absolutely fantastic. It's been so encouraging. The College of Piping has given us chanterers and the Carloway Community Association have given us four guitars. The Harris Tweed Authority is donating a roll of tweed for waulking classes, while the Carloway and Shawbost mills are giving us offcuts for our craft classes. This is the 25th anniversary of the Fèis, so cancelling it due to the fire would have been a great shame. We lost an awful lot of items, but we are very thankful to the people who have rallied round to help us."

The committee is now busy replacing the lost items ahead of Fèis week, which will be the 3rd to the 7th of July.

CLASAICHEAN ÙRA AIG FÈIS TÌR A' MHURAIN

Tha Fèis Tìr a' Mhurain air clasaichean a thòiseachadh ann an seinn agus feadan fo stiùir Chloe Steele, a tha air a bhith a' dèanamh ceum aig Colaiste a' Chaisteil ann am Beinn na Faoghla.

Bidh iad seo a' dol air adhart aig Taigh-Tasgaidh Chill Donnain ann an Uibhist a Deas gach Diardaoin bho 5.30f - 6.30f (seinn) agus 6.30f - 7.30f (feadan). Tha na clasaichean fosgailte do dhuine sam bith aig gach ìre comais air clas 1-7.

Fèis Tìr a' Mhurain has launched new singing and chanter classes which will be lead by music student Chloe Steele. They take place at Kildonan Museum, South Uist, every Thursday between 5.30pm - 6.30pm (singing) and 6.30pm - 7.30pm (chanter).

Anyone in P1-7 at any level of ability is welcome to attend.



For more information, or to secure a place in any of the classes, please get in touch with Chloe Steele at classfeis@gmail.com.

BLASAD BÒRD FÈISEAN NAN GÀIDHEAL

Bidh bèarnan air Bòrd-stiùiridh Fèisean nan Gàidheal am-bliadhna agus buill gu bhith a' leigeil dhiubh an dreuchd an dèidh dhaibh an ùine a tha ceadaichte a chur seachad air a' Bhòrd. Mar sin, uaireigin san Dàmhair, bidh sinn a' cur taghadh air dòigh airson àiteachan bàna a lìonadh agus bhiodh e feumail nam b' urrainn do na Fèisean a bhith a' meòrachadh air cò a chuireas iad air adhart.

Seach a bhith a' feitheamh airson àm taghaidh san Dàmhair, thug sinn cuireadh do dhaoine le ùidh ann an obair a' Bhùird thighinn chun na coinneimh againn sa Chèitean. Ghabh triùir ris a' chuireadh sin agus thug seo cothrom dhaibh eòlas a chur air modhan-obrach a' Bhùird ron àm.



There will be some vacancies on Fèisean nan Gàidheal's Board later this year with several of our current trustees standing down having served the maximum term permitted as Board members.

Some time ago we invited individuals who may be interested in the work of the Board to come along to the May Board Meeting to get a feel for the kind of work in which the Board is involved. Three people took up the invitation and we hope that when we arrange an election in October, they, and others, may consider accepting a nomination for vacant places on the Board.

It would be helpful if Fèis organisers could begin thinking about anyone on their committees who might be interested in being a member of Fèisean nan Gàidheal's Board. Meetings are held four times a year and tend to be very open and friendly.

Please keep an eye out for details of the election following this year's AGM.

GUTH NAN GAEL 2017

Tha sinne aig Fèisean nan Gàidheal air ar dòigh gun tèid Guth nan Gael, am pròiseact iomlaid cultarail leis an Ionaid Oirghialla ann an Dùn Dealgan, Èirinn, air adhart am-bliadhna.

'S e cleachdadh agus togail na Gàidhlig agus na Gaeilge prìomh amas a' phròiseict seo is e a' tabhann cothrom do dh'òigridh pàirt a ghabhail ann am measgachadh de thachartasan ciùil agus seinn, leithid bhùthan-obrach, chuirtean cultarail agus cothroman taisbeanaidh.

Am-bliadhna, 's ann eadar Didòmhnaich 30 An t-luchar agus Dihaoine 4 An Lùnastal 2017 anns a' Ghearastan a thèid an tachartas a chumail – an dearbh sheachdain a bhios Fèis Lochabair a' comharrachadh ceann-bliadhna sònraichte agus program làn thachartasan san amharc dhaibh.

A bheil thu:

- Aois 12-18?
- Fileanta sa Ghàidhlig?
- Aig ìre mheadhanach neo adhartach air ionnsramaid ciùil neo seinn?

'S e cothrom air leth a tha seo tachairt ri daoine eile mun aon aois riut à taobh thall Sruth na Maoile.

Thèid siubhal, àite-fuirich agus biadh a chur air doigh do na compàirtichean air fad.

Thoiribh sùil air duilleag Facebook na buidhne @guthgael ach am faigh sibh blas den phròiseact thuige seo. Gheibhear foirm-iarrtais aig <http://www.feisean.org/en/events/guth-nan-gael/>

Taig agus buidheachas do Cholm Cille, Bòrd na Gàidhlig agus Foras na Gaeilge airson taic leantainneach a chumail ris a' phròiseact seo.

Fèisean nan Gàidheal is delighted to announce that the cultural exchange with partners in Ireland will go ahead again this year. Guth nan Gael will bring together young Scottish Gaelic speakers along with young Irish speakers from the Oriel Centre in Dundalk, Ireland for a week-long exchange, looking at the shared cultural traditions of Scotland and Ireland.

The project focuses on language usage and acquisition while giving participants the opportunity to participate in music and song workshops, cultural visits and performances to showcase and develop the links between the two countries.

This year's project will take place from Sunday 30th July – Friday 4th August in Fort William to coincide with Fèis Lochabair's main Fèis week. This year, the Fèis is celebrating its 25th anniversary and planning is well underway for a busy week of events to celebrate the milestone.

Are you:

- 12-18 years old?
- A fluent Gaelic speaker?
- At intermediate or advanced level in an instrument or singing?

This is a fantastic opportunity to meet other people, the same age from across the Irish Sea.

Accommodation, travel and food will all be covered as part of the project.

For a taste of last year's project, visit the Guth nan Gael facebook page, @guthgael and visit the Fèisean nan Gàidheal website for an application form - <http://www.feisean.org/en/events/guth-nan-gael/>

Thanks to Colmille, Bòrd na Gàidhlig and Foras na Gaeilge for their continued support of the project.



HISTORIC ENVIRONMENT SCOTLAND

Bha sgeulachdan gu leòr a' dol taobh a-staigh ballachan Chaisteal Dhùn Èidinn o chionn ghoirid is Fèisgoil, an cuide ri Àrainneachd Eachdraidheil na h-Alba, a' libhrigeadh dà phròiseact sònraichte air an làrach shònraichte seo. Còmhla ri Ailean Òg Dòmhnallach chaidh clann à Bun-sgoil Taobh na Pàirce sa chathair-bhaile dhan Chaisteal airson stòiridhean a chruinneachadh is dealbhan a thogail.

Air làithean car fliuch, gaohach, fuar chruinnich sgoilearan à iomadh sgoil air feadh na dùthcha airson turas inntinneach a ghabhail air feadh a' Chaisteil leis an t-sàr neach-ciùil is rannsachaidh, Eòghann MacEanraig. Airson sia latha bha Eòghann a' dol a' gabhail cuairt air feadh a' Chaisteil a' bruidhinn ri clann à diofar sgoiltean mu chuspairean inntinneach co-cheangailte ri eachdraidh an togalaich fhèin, armachd saighdeir bho àm nuair a bha an caisteal na thaigh-còmhnaidh don Arm is na dhaoine a bha fuireach anns a' Chaisteal o chionn fhada. A bharrachd air sin, bha cothrom aca a bhith ag èisteachd ri Eòghann a' gabhail òrain no dhà mu dhileab eachdraidheil a' Chaisteil.

Fèisean nan Gaidheal recently worked with Historic Environment Scotland on two projects for schools. The first involved children in P5 at Bun-sgoil Taobh na Pàirce in Edinburgh, author, illustrator and digital story-maker, Emily Dodd and Gaelic facilitator Allan Macdonald. The children, accompanied by Allan visited Edinburgh Castle where they were introduced to specific artefacts and listened to stories about people and objects within the Castle walls. They then took these tales, along with some photographs, back to the classroom and, with support from Allan, Emily and their class teacher, Sineag MacIntyre, created their own digital re-telling of the stories. The 6 pieces were premiered in front of a large audience in April where the children walked the red carpet before introducing their films.

Cleas aig a' Chaisteil, our other HES partnership project, invited schools where the children are learning Gaelic as an additional language to visit Edinburgh Castle and enjoy an informed tour followed by a workshop by our tutor, musician Ewen Henderson. The same project ran again during Gaelic Week in Edinburgh, this time for children in Gaelic-medium education. In both situations Ewen introduced the young folk to Gaelic terminology pertaining to the Castle and appropriate to their level of fluency and broadened their cultural experience by singing songs related to objects within the Castle confines.

5 LATHA SOIRBHEACHAIL



Chaidh an t-siathamh 5 Latha a chumail eadar 10 agus 15 Giblean 2017 aig Taighean-dubha nan Geàrrannan, Eilean Leòdhais. Am-bliadhna bha 18 compàirtichean a' gabhail pàirt ann an taghadh math, farsaing de chur-seachadan.

Ged nach robh an aimsir cho math 's tha e air a bhith bliadhnaichean eile, cha do chuir sin cus maill air cùisean, agus bha cothrom fhathast aig an sgioba a dhol a-mach don choimhearsnachd. Am measg nan cur-seachadan am-bliadhna bha an òigridh an sàs ann an obair croitearachd, còcaireachd, obair ealain is fuaiqeal, cuairtean cultarail a bharrachd air ceòl is òrain còmhla ri Norrie MacIomhair is Robbie Greig.

Bha cothrom sònraichte aig na compàirtichean a dhol timcheall muileann Harris Tweed Hebrides ann an Siabost agus Muileann Chàrlabhaigh far aon do dh'ionnsaich iad mu na diofar irean a tha mar phàirt de ghnìomhachas a' Chlò Hearaich. Thadhail iad cuideachd air breabadairean san sgìre agus faicinn mar a tha an clò air a dhèanamh aig dachaighean nam breabadairean.

Chaidh Cèilidh Teaghlaich a chumail air Diardaoin 13 Giblean ann an Talla Coimhearsnachd Chàrlabhaigh far an robh mu 80 an làthair airson èisteachd ris na bha na compàirtichean air ionnsachadh tron t-seachdain a bharrachd air ceòl is òrain bho sheinneadairean is luchd-ciùil na sgìre.

Leis gu robh an tìde car robach aig deireadh na seachdain cha robh e comasach dhan sgioba an turas àbhaisteach a ghabhail le Seatrek is cuairt a ghabhail timcheall air fear de na h-eileanan beaga san sgìre. Chòrd e riutha ge-tà a bhith dol air an 'rib' a-mach à Uige agus a bhith a' leum agus a dannsa air na suailean mòra.

Seachdain air leth a-rithist, le càirdeas cridheil blàth bhon choimhearsnachd air fad. Thèid 5 Latha 2018 a chumail eadar 2-7 Giblean.

The sixth 5 Latha was held between 10-15 April at the Gearrannan Blackhouses on the Isle of Lewis. This year 18 participants took part in a packed programme of activities and, though the weather wasn't as favourable as in previous years, a good time was had by all.

Among the activities were crofting, weaving, arts and crafts, cultural tours and baking as well as learning music and song with Norrie MacIver and Robbie Greig. This year the participants visited the Harris Tweed Hebrides mill in Shawbost and the Carloway where they learned about every stage of the process from raw materials to the catwalk. They also visited local weavers who showed them how they produced the cloth on both Hattersley (single-width) and Griffiths (double-width) looms.

A family cèilidh was held on the Thursday evening in the Carloway Community Hall with around 80 people in attendance to hear traditional music and Gaelic song performed by participants, 5 Latha tutors, supervisors and local artistes.

The annual trip with Seatrek was altered due to weather conditions, but the group thoroughly enjoyed bouncing along the waves out of Uige!

Another fantastic week with great support and kindness shown to the group from the local community. 5 Latha 2018 will be held between 2-7 April.

'SEINN' & MÒD ACADEMY

With local Mòd season well and truly underway Fèisgoil has been working with Eilidh Macleod Mackenzie in Skye schools on our 'Seinn' project, funded by The Highland Council, offering support to perpare children intending to compete in the local Mòd and Royal National Mòd.

In collaboration with The Highland Council and the local Mòd committee, Fèisgoil has also paired up four Gaelic music tutors with 14 schools in the Lochaber area. Joy Dunlop, Sìleas Sinclair, Mary Ann Kennedy and Janet Campbell have been touring these schools this term preparing children in solo, folk-group, action song and choir work. We wish all competitors the very best and look forward in particular to hearing these Gaelic song performed by young people at this year's Royal National Mòd.

Ronald Cameron, chairperson of the Lochaber National Mòd Local Organising Committee said.

"This is very exciting and will create a momentum for cultural and linguistic enrichment that will continue for years to come."

GAELIC CLASSES IN SCHOOLS

Tha Blasad Gàidhlig dìreach aig ire tòisichidh air a' Ghàidhealtachd le 15 sgoiltean an sàs ann. Tha na seiseanan, a bhios a' ruith airson sia seachdainean, làn de dh'òrain, spòrs is geamannan. Tha sianar luchd-teagaisg a' tadhal air na sgoiltean far a bheil a' chlann ag ionnsachadh Gàidhlig mar phàirt dhen Churraicealam airson Sàr Mhathais. Thàinig sgioba ùr còmhla ri chèile anns a' Chaol airson latha trèanaidh anns a' Ghiblean is thòisich iad air Blasad Gàidhlig sna sgoiltean às dèidh làithean-saora na Càisge. Uile gu lèir, tha seo a' ciallachadh gun libhrig Fèisgoil 174 seisean do sgoiltean air a' Ghàidhealtachd le barrachd is còig ceud sgoilear an sàs.

Scotland has adopted the 1+2 approach to language learning. This means that from 2020 every child in Scotland is entitled to learn a first additional language from primary one and a second by primary five. This entitlement continues until the end of S3.

In Highland, as in many other authorities throughout the country, some schools have chosen Gaelic as the first of these additional learned languages, meaning that all school children from P1-P7 will be learning Gaelic as part of their school curriculum in 15 schools within the region.

Contracted by The Highland Council to deliver additional support to these 15 schools, Fèisean nan Gàidheal has a new team of six Blasad Gàidhlig tutors working in primary schools in Highland region. These tutors came together for a training session in Kyle in April and began working in the designated schools after the Easter holidays. By the end of the six-week block, Blasad Gàidhlig will have been delivered to over 500 children in Highland through 174 sessions.

The model used is based on our progressive Blasad Gàidhlig sessions, linking language to the wider culture through song and game and which is already happening in other local authority areas throughout the country.

For more information on Fèisgoil Blasad Gàidhlig please contact eilidh@feisean.org



FÈIS DHRÀMA EARRA-GHÀIDHEAL 2017



Thàinig trithead 's a sia sgoilear bun-sgoile à Earra Ghàidheal còmhla air Dimàirt 30 An Cèitean airson Fèis Dhràma Earra-Ghàidheal, feasgar de dhràma far an deach na dealbhan-cluiche Gàidhlig aig Bun-sgoil Achadh na Creige agus Bun-sgoil Thaigh a' Chladaich a thaisbeanadh aig Tallaichean a' Chorrain san Òban.

Riochdaich Fèisean nan Gàidheal an fhèis agus anns na seachdainean ro latha an taisbeanadh, chaidh an cleasaiche agus obraiche dràma Debbie NicAoidh fhasadh gus taic a thoirt seachad do na sgoiltean a ghabh pàirt san Fhèis le bhith a' leasachadh an cuid dhealbhan-cluiche. Thug Debbie cothrom air leth dhaibh sgilean cleasachd ionnsachadh agus stiùireadh fhaighinn bhuaipe.

Tha Aonghas MacLeòid a tha na Oifigear Dràma do Fèisean nan Gàidheal air a bhith a' co-òrdanachadh a' phròiseict. Thuirt e "Tha sinn gu mòr den bheachd gu bheil dràma air leth math airson sgilean farsaing a thoirt do chloinn, a' gabhail a-steach labhairt poblach, fèin-mhisneachd, co-obrachadh agus modh. Gach bliadhna bheir e togail dhuinn gum bi iad a' dol suas don àrd-sgoil agus iad air sgilean ionnsachadh a bhios feumail dhaibh sna bliadhnaichean rin teachd".

Thirty-six Gaelic-speaking primary school pupils from Argyllshire gathered together on Tuesday the 30th of May for Fèis Dhràma Earra Ghàidheal, an afternoon of Gaelic drama which showcased plays from Rockfield Primary and Sandbank Primary in a public performance at Corran Halls, Oban.

Fèisean nan Gàidheal produce the festival and in the weeks leading up to performance day, actor and drama worker Debbie Mackay, well known for her role as Màiri in the Gaelic TV drama 'Bannan', was employed to support participating schools. This provided them with an excellent opportunity to learn new acting skills under her direction whilst developing their plays at the same time.

For more information about Gaelic Drama Fèisean for primary schools, contact Angus Macleod on 01463 225 559 or email angus@feisean.org.

GAELIC PLAY FOR YOUNG CHILDREN TOURS WESTERN ISLES

In May, a tour of the Western Isles with Gaelic language play Hùb Hùb: Cumaidhean Ceòlmhor (Hùb Hùb: Musical Shapes) took place with 17 performances for primary schools and nurseries in Barra, Uist, Harris and Lewis.

The play is accessible to pupils learning Gaelic and the tour included performances for several mainstream P1-P3 school groups and nurseries.

The seven day tour which took place between the 15th and 25th of May was made possible thanks to funding from Comhairle nan Eilean Siar with support from Bòrd na Gàidhlig.

For more information about Hùb Hùb or any of Fèisean nan Gàidheal's other drama projects contact Angus Macleod on 01463 225 559 or angus@feisean.org

Anns a' Chèitean, chaidh an dealbh-chluich Gàidhlig 'Cumaidhean Ceòlmhor' air thuras sna h-Eileanan an Iar le 17 taisbeanaidhean do bhun-sgoiltean agus sgoiltean-àraich ann am Barraigh, Uibhist, na Hearadh agus Leòdhas.



BLAS FESTIVAL 2017 PROGRAMME TO BE LAUNCHED SOON

Cumaibh sùil a-mach trath san Iuchar airson prògram Blas 2017 nuair a nochdas e air blas-festival.com. Tha tòrr de chuirmean tarraingeach romhainn am-bliadhna cho math ri prògram anns na sgoiltean agus anns a' choimhearsnachd.

The programme for Blas 2017 will be available from early July at the festival website blas-festival.com. The festival will take place between 1 and 9 September and Fèisean nan Gàidheal has put together a wide range of events across the Highlands. Together with the usual concerts featuring some very well-known artistes and young people from Fèisean and other youth initiatives, Blas will celebrate the work of some of Gaeldom's foremost tradition bearers and personalities. In addition there will be a comprehensive schools and communities programme.

We are grateful to The Highland Council, Creative Scotland, HIE, Bòrd na Gàidhlig, Argyll & Bute Council and Comhairle nan Eilean Siar for funding Blas 2017 and to the festival programming group members for their artistic and logistical input.



Fèisean nan Gàidheal
Taigh a' Mhill
Port-Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ
Fòn 01478 613355
Facs 01478 613399
Post-d brath@feisean.org
www.feisean.org